



**SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG**  
Gaelic Media Service

**2003/04**

**AITHISG BHLIADHNAIL & CUNNTASAN**  
Annual Report & Accounts

**SEIRBHEIS NAM  
MEADHANAN GÀIDHLIG**

**GAELIC MEDIA SERVICE**

Taigh Shìphoirt  
Rathad Shìphoirt  
Steòrnabhagh  
Eilean Leòdhais  
HS1 2SD

Seaforth House  
Seaforth Road  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS1 2SD

26 Cèitean 2004

26 May 2004

Lord Currie  
Cathraiche  
OfCOM  
Riverside House  
2A Southwark Bridge Road  
LONDON  
SE1 9HA

Lord Currie  
Chairman  
OfCOM  
Riverside House  
2A Southwark Bridge Road  
LONDON  
SE1 9HA

A Mhorair Currie


Dear Lord Currie

**Aithisg Bhliadhnail agus  
Aithris nan Cunntasan**

**Annual Report  
& Statement of Accounts**

An co-chòrdadh ri Earann 19 (12) de Achd  
Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg  
Bhliadhnail na Seirbheis agus Aithris nan  
Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt  
2004.

In accordance with Schedule 19 (12) of the  
Broadcasting Act 1990, I enclose the Service's  
Annual Report and Statement of Accounts for  
the year ended 31 March 2004.



NIALL FRISEAL  
CATHRAICHE



NEIL FRASER  
CHAIRMAN

**CLÀR-INNSE****CONTENTS**

04	TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE	CHAIRMAN'S MESSAGE
06	LÈIRMHEAS AN STIÙIRICHE	DIRECTOR'S REVIEW
08	PRÌOMH AMASAN 2004/05	KEY OBJECTIVES 2004/05
09	PRÒGRAMAN TELEBHISEIN	TELEVISION PROGRAMMES
16	PRÒGRAMAN RÈIDIO	RADIO PROGRAMMES
17	AN LUCHD-AMHAIRC	THE AUDIENCE
19	OBAIR DHAIMHEACH	RELATED ACTIVITIES
21	PRÒGRAMAN MAOINICHTE	PROGRAMMES GRANT AIDED
22	PRÒGRAMAN CRAOLTA	PROGRAMMES BROADCAST
23	AITHRIS RIAGHLAIDH	GOVERNANCE STATEMENT
27	DLEASNAS A' BHÙIRD	BOARD RESPONSIBILITIES
28	AITHISG NAN SGRÙDAIREAN	REPORT OF THE AUDITORS
29	CUNNTAS TEACHD-A-STEACH AGUS COSGAIS	INCOME AND EXPENDITURE ACCOUNT
30	COTHROMACHADH COSGAIS	BALANCE SHEET
31	SRUTH-AIRGID	CASH FLOW
32	FIOS MU NA CUNNTASAN	NOTES TO THE ACCOUNTS
38	TUILLEADH FIOSRACHAIDH	ADDITIONAL INFORMATION
42	BUILL A' BHÙIRD	BOARD MEMBERS
43	LUCHD-OBRAICH	STAFF
44	COMHAIRLICHEAN/TUILLEADH FIOSRACHAIDH	ADVISORS/CONTACT DETAILS



## TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE



## CHAIRMAN'S MESSAGE

'S e bliadhna na h-imeachd a bha seo son craoladh Gàidhlig: ghabh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig àite Comataidh Craolaidh Gàidhlig, agus dh'èirich dòchas às ùr gun tig sianal telebhisein Gàidhlig gu bith.

Chaidh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a chruthachadh fo Achd Conaltraidh 2003 agus chaidh i air bhog air 29 Dùbhlachd 2003. Mar sin tha an aithisg seo gu ìre mhòir mu chùisean obrach agus ionmhais na seann bhuidhne. Ach tha i cuideachd a' toirt cothrom sùil a thoirt air adhart air àm ri teachd far an dèanar buileachadh air bunaitean a chaidh a chur sìos a cheana agus air comasan a bhios ag èirigh às ùr.

A bharrachd air na dleasan a bh' ann roimhe son a bhith maoineachadh riochdachadh is leasachadh phrògraman, trèanadh, rannsachadh luchd-amhairc agus obraichean co-cheangailte, bhuilich an Achd Conaltraidh cumhachdan ùra air Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig: comas phrògraman a dhèanamh, a bharantachadh agus òrdachadh agus ùghdarras gu cead craolaidh a shireadh. Chaidh ballrachd na Seirbheis a leudachadh agus buill a thoirt a-steach a bhiodh a' riochdachadh BBC, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Bòrd na Gàidhlig, Scottish Media Group agus Producers Alliance for Cinema and Television.

Chaidh mi fhèin a shuidheachadh le Ofcom ann an dreuchd a' Chathraiche anns an t-Sultain 2003 agus chaidh buill eile a' Bhùird a thaghadh anns a' Ghearran 2004. Tha mi son an cothrom seo a ghabhail taing a thoirt dhaibh airson an dealas agus an tuigse a tha iad air a thoirt mu thràth a dh'ionnsaidh meòrachadh na Seirbheis.

Gu mì-fhortanach cha do chuir an Achd Conaltraidh barrachd airgid gu ruige craoladh Gàidhlig. Tha seo na dhuilgheadas chan e mhàin ann a bhith rèiteach na slighe a dh'ionnsaidh na sianal digiteach Gàidhlig air a bheil feum ach cuideachd ann a bhith a' cumail a' chraolaidh analog a th' ann an-dràsta aig ìre tha freagarrach. Ged a thàinig dòighean an lùib Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig gus leasachadh a thoirt air craoladh Gàidhlig, tha an teannachadh a tha gainne maoine ag adhbharachadh fhathast na uallach. Tha sgòthan na mì-chinnt fhathast bagarrach.

Mar sin 's e am prìomh amas a tha fa chomhair na Seirbheis anns a' ghearr-thìde an t-airgead riatanach fhaighinn a chruthaicheas sianal ùr telebhisein a thòisicheas ann an 2006.

This was a year of transition for Gaelic broadcasting: the establishment of the Gaelic Media Service to replace the Gaelic Broadcasting Committee, and the emergence of renewed expectations that a Gaelic television channel will become a reality.

The Gaelic Media Service was constituted by the 2003 Communications Act and went into effect on 29 December 2003. This report, therefore, mainly covers the operational and financial affairs of the predecessor organisation. But it also provides an opportunity to look forward towards a future that will benefit from foundations already laid and from new prospects that emerge.

In addition to the former remit for funding of programme production and development, training, audience research and related activities the Communications Act conferred new powers on the Gaelic Media Service: the capacity to make, commission and schedule programmes and the authority to seek a broadcast licence. The membership of the Service was expanded to include members nominated by the BBC, Highlands and Islands Enterprise, Bòrd na Gàidhlig, the Scottish Media Group and the Producers Alliance for Cinema and Television.

My own appointment was announced by Ofcom in September 2003 and the other Board members were appointed in February 2004. I wish to take this opportunity to thank them for the enthusiasm and awareness that they have already brought to bear upon the early deliberations of the Service.

Unfortunately, the Communications Act did not allow for additional resources for Gaelic broadcasting. This presents problems not only in paving the path towards the desired digital Gaelic channel but also in maintaining the present analogue provision at an appropriate level. While the establishment of the Gaelic Media Service has provided some enabling mechanisms for Gaelic broadcasting to develop, the constraints of limited funding are worrisome. The clouds of uncertainty are still hovering.

Therefore the key priority facing the Service in the short term is the acquisition of the necessary funding to create an embryonic Gaelic television channel to go on air in 2006.

## TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE

Còmhla ris an amas dhian seo tha feum air feabhas is farsaingeachd nam prògraman a tha air an stèidheachadh mu thràth a dhaingneachadh, an gluasad a ghiollachd ann an dòigh adhartach agus eagnaigh, structar seasmhach a dhaingneachadh, feuman is dòchasan an luchd-amhairc a shàsachadh, agus an ceum toisich a ghabhail ann a bhith ag altram an co-chomann càirdeil a dh'fheumar a thoirt gu ìre ma tha craoladh Gàidhlig a' dol a shoirbheachadh.

Ann a bhith cur fàilte air buill ùra a' Bhùird, tha mi cuideachd mothachail air an obair fheumail a rinn na buill aig CCG tro na bliadhnaichean. Tha mi toirt taing dhaibh son sin. Tha mi cuideachd taingeil dhan Stiùiriche 's an luchd-obrach airson cunbhalas an dèanadais agus airson a bhith cumail chùisean rianail aig an àm dhripeil seo.

Tha mi cuideachd taingeil do Ofcom, agus don ITC romhpa, son an comhairle 's an cuideachadh. Agus tha mi an comain nan craoladairean, riochdairean agus com-pàirtichean eile son an taic 's an co-obrachadh. 'S e na com-pàirtichean as cudromaiche gu lèir, an luchd-amhairc is èisteachd, ris am bheil ar prìomh ghnòthach. Chan e mhàin gu bheil iad a' cur an cèill an luach a tha iad a' cur air na prògraman a tha sinn a' maoineachadh; tha iad cuideachd a' cumail nar cuimhne nach bi iad buileach riarachtaichte gus am faic iad seirbheis mheadhanan Gàidhlig a tha coisrigte, buntainneach agus farsaing. Tha min dòchas gum bi e comasach dhuinn an dùil sin a thoirt gu buil.

Niall Friseal  
Cathraiche

Cèitean 2004

## CHAIRMAN'S MESSAGE

Concomitant with this urgency is the need to consolidate the quality and diversity of programming already established, to manage change in a proactive and prudent manner, to secure stable structural arrangements, to meet the needs and expectations of the audience, and to play a leading role in cultivating the cooperative partnerships that must be developed if Gaelic broadcasting is to thrive.

In welcoming the new Board members, I am also cognisant of the valuable contribution made by the past members of CCG. I thank them for it. I am also grateful to the Director and staff for their continuing dedication and for maintaining equilibrium during the busy period of transition.

I also appreciate the counsel and help of Ofcom and their predecessor, the ITC. And I wish to thank the broadcasters, producers and other stakeholders for their support and cooperation. The most important stakeholders of all, the audiences, are our major customer. Not only do they show their appreciation of the programmes and projects that we fund; they also keep reminding us that they will not be fully satisfied until they see a dedicated, relevant and comprehensive Gaelic media service. I hope we will be able to live up to their expectations.

Neil Fraser  
Chairman

May 2004



## LÈIRMHEAS AN STIÙIRICHE



## DIRECTOR'S REVIEW

Thug Achd Conaltraidh 2003 gu buil atharrachaidhean mòra anns na structairean a tha a' riaghladh craoladh agus conaltradh san RA, a' toirt mòran chumhachdan agus dhleastanasan do Ofcom, a' gabhail a-staigh an fheadhainn a bha roimhe aig Coimisean Telebhisein Neo-eisimeileach ann an stèidheachadh agus rianachd Comataidh Craolaidh Gàidhlig. Rinn Earrannan 208-210 den Achd ullachadh airson Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a stèidheachadh, a' gabhail a-staigh dleastanasan Comataidh Craolaidh Gàidhlig agus a' gabhail cumhachdan a bharrachd a bheir cothrom air craoladh digiteach agus seirbheis nam meadhanan Gàidhlig a leasachadh ma bhios ionmhas iomchaidh ri faotainn.

Le Niall Friseal mar Chathraiche, shuidhich an t-Seirbheis a prìomh-amasan aig a' chiad choinneamh air 26 Gearran 2004: maoinachadh fhaighinn airson sianal telebhisein digiteach Gàidhlig a chruthachadh, agus measadh air na h-atharrachaidhean eagrachaidh agus dòighean-obrachaidh a dh'fheumar airson nan amasan sin a bhuileachadh, agus cumail ag ullachadh deagh phrògraman ann an clàr-phrògraman analog nan craoladairean. Tha an clàr-gnothaich seo dùbhlach.

Air aon làimh, tha cothrom air sianalan a bharrachd air craoladh san RA a dhèanamh fìor fharpaiseach sna bliadhnan mu dheireadh, a' cuingealachadh sùbailteachd luchd-eagrachaidh airson prògraman Gàidhlig a chur ann an clàr-phrògraman analog. Tha cunntasan na Seirbheis a' nochdadh bheil luach prògraman craolta air a' bhliadhna a dh'fhalbh còrr agus millean nota nas ìsle na air a' bhliadhna roimhe, a' comharrachadh lùghdachadh sna h-amannan a tha rim faotainn airson prògraman Gàidhlig, agus a' sònrachadh cho deatamach 's a tha seirbheis dhigiteach.

Air an làimh eile, tha feum air mòran a bharrachd ionmhais ma tha an t-amas airson seirbheis dhigiteach air sianal gu bhith air a choileanadh. An coimeas ris a' Mhaoin a chaidh a stèidheachadh sa bhliadhna ionmhais 1992/93, bhiodh am buidseat de £8.5m a shealbhaich Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig ann an 2003/04 air a dhol gu £12.5m nam biodh a' Mhaoin co-rèirichte bho thùs. B' e an rùn aig an fhìor thoiseach gum biodh airgead sa Mhaoin airson suas ri 200 uair a thìde sa bhliadhna de phrògraman aig ìre chuibeasach de £40,000 san uair. Tha an sìor lùghdachadh ann am prògraman gu 139 uairean sa bhliadhna a dh'fhalbh a' sealltainn mar a tha a' Mhaoin air a dhol sìos, agus a' dearbhadh cho deatamach 's a tha e gun tèid tòiseachadh a' cur ri chèile meall mòr de phrògraman airson sianal digiteach.

Bha a' chuid as motha den fhreagairt amharcaidh mu na chaidh a chraoladh sa bhliadhna a dh'fhalbh fàbharach, ach tha e follaiseach gum feumar measgachadh mòr de phrògraman aig amannan-amhairc freagarrach air sianal Gàidhlig ma thathar a' dol a choinneachadh ri iarntasan luchd-amhairc. Tha rannsachadh a' nochdadh cuideachd gum faodadh sianal Gàidhlig deagh bhuaidh a thoirt air beachd an luchd-amhairc Gàidhlig mu bhith a' gluasad gu digiteach.

The Communications Act 2003 effected major changes in the structures which regulate broadcasting and communications in the UK, giving Ofcom a broad range of powers and responsibilities, including those which had previously been held by the Independent Television Commission in relation to the establishment and administration of the Gaelic Broadcasting Committee. Sections 208-210 of the Act made provision for the establishment of the Gaelic Media Service, subsuming the responsibilities of the Gaelic Broadcasting Committee and assuming additional powers which give it the potential to develop Gaelic digital broadcasting and media services if appropriate resources are made available to it.

Under the Chairmanship of Neil Fraser, the Service set its priorities at its first meeting on 26 February 2004: to secure funding for the creation of a Gaelic digital television channel, and to assess the structural changes and procedural mechanisms required to effect these goals, whilst continuing to provide a range of quality programmes in broadcasters' analogue schedules. This is a challenging agenda.

On the one hand, the increase in the number of available channels has made UK broadcasting highly competitive in recent years, limiting the flexibility of schedulers to accommodate Gaelic programming in analogue schedules. The Service's accounts show a reduction of over one million pounds in the value of programmes broadcast in the past year relative to the previous year, reflecting a reduction in the analogue schedule slots available for Gaelic programmes, and highlighting the urgency of the need to develop a digital service.

On the other hand, funding will need to be significantly increased if the goal of a digital service on a dedicated Gaelic channel is to be realised. Relative to the Fund established in the financial year 1992/93, the budget of £8.5m inherited by the Gaelic Media Service in 2003/04 would have been £12.5m had the Fund been index linked from the outset. The original intention was that the Fund would finance programme production of up to 200 hours a year at an average of £40,000 an hour. The gradual reduction in programme production to 139 hours in the past year reflects the decline in the Fund, and underlines the urgency of commencing the task of building a critical mass of programming for a digital channel.

Audience response to programmes broadcast in the past year was largely positive, although it is apparent that a wider range of programmes at suitable viewing times on a Gaelic channel is required to meet audience expectations. Research also demonstrates that the establishment of a Gaelic channel would have a positive impact on the attitude of the Gaelic audience to digital switchover.

## LÈIRMHEAS AN STIÙIRICHE

Bha an fheum air cuideachadh bho riaghaltas na RA airson sianal Gàidhlig a chruthachadh air a chomharrachadh sa Mhàrt 2004 ann an aithisg bho Chomataidh Eòlaichean Cùmhnant Eòrpach nam Mion-chànain a rinn sgrùdadh air ullachadh riaghaltas na RA an co-cheangal ri a dleastanas an cois a h-ainm a chur ris a' Chùmhnant. Bha a' Chomataidh mothachail nach robh stèidheachadh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig gu leòr ann fhèin airson sianal Gàidhlig a thoirt gu bith às aonais an airgid airson an amais seo a choileanadh.

Rè na bliadhna ghluais oifisean rianachd na buidhne gu Taigh Shìphoirt ann an Steòrnabhagh. Ged a dh'ìarr sin mòran ùine, agus le reachdas ùr agus atharrachadh structair, bha am maoinachadh agus riochdachadh gnàthach de phrògraman a' cumail a' dol le cùmhnantan gu leòr airson prògraman agus sreathan Gàidhlig fa leth aig prìomh uairean-amhairc analog Didòmhnaich air Telebhisean Grampian agus Alba suas gu deireadh 2005, agus aig prìomh amannan-amhairc Diardaoin air BBC2 suas gu Màrt 2005. Mar a chaidh a chomharrachadh ann an earrannan eile den Aithisg seo, lean an t-Seirbheis cuideachd a' coileanadh a dleastanasan an co-cheangal ri trèanadh, leasachadh agus rannsachadh, agus a' co-obrachadh le mòran bhuidhnean craolaidh agus bhuidhnean Gàidhlig gus am bi am bun-structair agus an stèidh tàlant air a bheil craoladh Gàidhlig an crochadh air a chumail a' dol.

Bha foillseachadh dreach Bhile na Gàidhlig le Riaghaltas na h-Alba, a mhìnich dleastanasan Bòrd na Gàidhlig aig a bheil riochdaire air Bòrd Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, gu sònraichte cudromach don choimhearsnachd Ghàidhlig sa bhliadhna a dh'fhalbh. Bidh e a' brosnachadh iomadh deasbad sa bhliadhna ri teachd.

'S e cumhachd glèidhte a tha ann an craoladh agus mar sin chan eil buntainneas dreach aig a' Bhile ri craoladh Gàidhlig. Ach, nuair a bhios e air a dhèanamh na lagh, bidh buaidh mhòr aige air suidheachadh obrachaidh na Seirbheis sna bliadhnan ri teachd, nuair a bhios buidhnean poblach air feadh Alba agus buidhnean leasachaidh Gàidhlig a' dreachdadh am planaichean-cànain Gàidhlig agus a' coimhead ri craoladh Gàidhlig mar uidheam taic airson a' chànain a chumail suas. Nar còmhraidhean le Riaghaltas na h-Alba, Oifis na h-Alba agus DCMS sa bhliadhna a dh'fhalbh fhuair sinn togail bhon àite a thathar ag ràdh a dh'fhaodadh a bhith aig craoladh ann an cumail na Gàidhlig a' dol, agus deòin nam Ministearan beachdachadh air an dòigh as fhearr air a bhith a' leasachadh nan duilgheadasan an lùib dòighean freagarrach a stèidheachadh airson maoinachadh a thoirt do leasachadh craoladh Gàidhlig.

Às leth luchd-obrach Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, tha sinn a' cur meas air an taic a fhuair sinn bho bhuill Comataidh Craolaidh Gàidhlig sa bhliadhna a dh'fhalbh, a' cur fàilte air buill ùra na Seirbheis agus a' toirt taing do ar co-oibrichean ann an gnìomhachas a' chraolaidh, Ofcom agus a' choimhearsnachd Ghàidhlig a thug cuideachadh cho mòr dhuinn tro bhliadhna eadar-amail dhoirbh.

## DIRECTOR'S REVIEW

The need for action by the UK government to facilitate the development of a Gaelic channel was highlighted in March 2004 in a report by a Committee of Experts on the Council of Europe's Charter for Minority Languages which reviewed the UK government's provision in relation to its commitments as a signatory. The Committee recognised that the establishment of the Gaelic Media Service was in itself insufficient to ensure the creation of a Gaelic channel without the funding to achieve this objective.

In the course of the year the organisation's administrative offices relocated to Seaforth House in Stornoway. Despite the distraction of relocation, new legislation and structural change, the normal round of programme funding and production was continued with individual programmes and series contracted sufficient to maintain Gaelic programmes in Grampian and Scottish Television analogue peak time schedules on Sundays to the end of 2005, and in peak time on Thursdays on BBC2 until March 2005. As illustrated in other sections of this Report, the Service also continued to fulfil its responsibilities in relation to training, development and research, and to sustain partnerships with a wide range of broadcasting industry and Gaelic bodies to maintain the infrastructure and talent base on which Gaelic broadcasting depends.

The publication by the Scottish Executive of a draft Gaelic Language Bill which included definition of the responsibilities of Bòrd na Gàidhlig (the Gaelic Language Board) which is represented on the Board of the Gaelic Media Service, was a major landmark for the Gaelic community in the past year. It will continue to excite debate in the next.

As broadcasting is a reserved power the Bill does not have a direct bearing on Gaelic broadcasting. It will, however, when enacted, make a significant impact on the environment in which the Service will operate in coming years, as public bodies across Scotland and Gaelic development agencies draft their Gaelic language plans amid increased expectations of Gaelic broadcasting as a support mechanism for language maintenance. In our discussions with the Scottish Executive, Scotland Office and DCMS in the past year we were heartened by the recognition given to the role that broadcasting can play in the dynamic of language maintenance, and the willingness of Ministers to consider how best to resolve the difficulties related to the establishing of appropriate mechanisms for funding the development of Gaelic broadcasting.

On behalf of the staff of the Gaelic Media Service, I would like to express our appreciation of the support of the members of the Gaelic Broadcasting Committee in the past year, to welcome the new members of the Service and to thank all our colleagues in the broadcasting industry, Ofcom and the Gaelic community who contributed so much to helping us through a challenging transitional year.



## PRÌOMH AMASAN 2004/05

- A bhith a' toirt gu buil gluasad buidhne a bhios air fhaicinn beothail agus soirbheachail, a' cumail suas fìor spionnadh agus leasachadh aig àm mhì-chinnteach
- A bhith a' rianachd gu h-èifeachdach an adhartais bhon ullachadh a tha ann an-dràsta gu seirbheis craolaidh Gàidhlig nas aonaichte agus nas rianaille agus a bhith a' cleachdadh nan cothroman an lùib teicneòlas digiteach gus seo a choileanadh
- A bhith a' faighinn stèidh maoinachaidh iomchaidh airson seirbheis telebhisein digiteach Gàidhlig agus a bhith ag ullachadh airson an t-sianal seo chur air bhog
- A bhith a' dol an sàs sna cothroman a bhios a' fàs a-mach às na cumhachdan ùra a tha air am buileachadh air Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig
- A bhith a' neartachadh craoladh analog a thaobh eagrachaidh, raoin agus susbaint
- A bhith a' daingneachadh iallan phrògram shoirbheachail agus a' cur air adhart gnèithean agus cruthan ùra a bhios a' cumail suas càileachd agus a' leudachadh a' chlàr-phrògram
- A bhith a' dol an sàs ann an tuilleadh leasachaidh air rèidio Gàidhlig, prògraman foghlaim, seirbheisean eadar-lìn agus pròiseactan ùr-ghnàthach a bhios a' leasachadh luach agus ìomhaigh nam meadhanan Gàidhlig
- A bhith a' trèanadh agus a' leasachadh luchd-obrach mar a bhios feuman agus dreuchdan ag atharrachadh
- A bhith a' toirt taic agus cuideachadh do iomairtean leasachaidh Gàidhlig eile a tha a' co-fhreagairt feallsanachd na Seirbheis san fharsaingeachd.

## KEY OBJECTIVES 2004/05

- To achieve a perceptibly dynamic and successful organisational transition, maintaining purposeful momentum and development during a period of uncertainty
- To manage effectively the evolution from the current provision to a better integrated and more coherent Gaelic broadcasting service and to take advantage of the opportunities provided by digital technology to achieve this end
- To secure an appropriate funding base for a digital Gaelic television service and to prepare for the launch of this channel
- To pursue the opportunities emerging from the new powers granted to the Gaelic Media Service
- To strengthen analogue broadcasting in terms of scheduling, range and content
- To consolidate successful programme strands and to develop new genres and formats that maintain quality while diversifying output
- To engage in further development of Gaelic radio, educational broadcasts, internet services and landmark projects that enhance the value and profile of Gaelic media
- To train and develop staff to meet changing needs and functions
- To support and complement other Gaelic development initiatives that are consistent with the overall philosophy of the Service.

# PRÒGRAMAN TELEBHISEIN

# TELEVISION PROGRAMMES



SNAS



MISE



EÒRPA



EALTAINN

## PRÒGRAMAN TELEBHISEIN

Ann am bliadhna eadar-amail bha e deatamach gum biodh seasmhachd agus cunbhalachd phrògraman air an cumail suas a rèir an ionmhais agus nan amannan-amhairc. Ged nach d' fhuair eadh cothrom air maoineachadh agus uairean airson prògraman cudromach leithid naidheachdan, sreathan dràma agus stuth don luchd-amhairc as òige, bha e comasach measgachadh de phrògraman a mhaoinichadh. Chaidh taic a thoirt do 139 uairean gu h-iomlan de phrògraman ann an ochd gnèithean: clann agus òigridh; na h-ealain agus cur-seachad; dràma; prògraman aithris; foghlam; cùisean làithreach; creideamh; agus beò-dhealbhan.

Bha barrachd cudrum air prògraman do chloinn agus òigridh, le taic air a chumail a' dol airson an t-sreath iris mhaireannach **Dè a-nis?**, riochdaichte agus craolta le BBC Alba agus airson **Splaoid** agus **Splaoid Spòrs**, riochdaichte le SMG TV Productions agus craolta le SMG. Cho-mhaoinich Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' chiad dràma co-leanailteach air a dhèanamh ann an Gàidhlig agus Beurla. Bha an comadaidh annasach **Reòiteag air Rothan/The Ice Cream Machine** air fhilmadh a-muigh an Eilean Leòdhais le SMG TV Productions. Chaidh am prògram Gàidhlig a-mach air STV agus Telebhisean Grampian agus am fear Beurla gu amharachd nàiseanta air Sianal a Còig. Chaidh ullachadh a dhèanamh airson 18 uairean a bharrachd de phrògraman cloinne aig prìs ìosal airson seirbheis dhigiteach TeleG a gheibhear air Freeview Sianal 8.

Lean CCG/SnamMG a' toirt taic do phrògraman foghlaim riochdaichte agus co-mhaoinichte le BBC Alba. B' e sreath ùr-ghnàthach a bha ann an **Snas** a' dèiligeadh ri sgrìobhadh pearsanta agus gnìomhach do na h-irean àrda den bhunsgoil. Bha e mu dheidhinn duilgheadasan agus àmhghairean còmhlan rog ùr, agus chòrd am prògram agus an làrach-lìn **Snasail**, a' chiad làrach-lìn foghlaim ann an Gàidhlig stèidhichte air geamannan air leth math ris an luchd-amais shònraichte. A' cur taic ris a' phrògram bha sreath air rèidio, **Snas Earranta**, stèidhichte air companaidh iomairt òigridh. Leis a' cho-phròiseact air còrdadh cho mòr ri sgoilearan agus tidsearan chaidh aonta a thoirt airson maoineachadh do dhàrna sreath agus leudachadh air an làrach-lìn. Bidh prògram foghlaim eile – sreath ionnsachaidh fon ainm **Ciamar a tha e a' dol?** – ag ullachadh stuthan-taice don roinn saidheans agus teicneòlais ann an clàr-teagais nan ìrean àrda den bhunsgoil.

Lean deagh phrògraman aithris, gach cuid prògraman fa leth agus sreathan, a' tàladh ìrean àrda de luchd-amhairc agus comharran air luach. Ghabh an roinn seo a-staigh 37 uairean de phrògraman thar mhòran gnèithean leithid prògraman mu eachdraidh, spòrs agus cur-seachad, dòigh-beatha, daoine ainmeil nar latha, dualchas, àrainneachd, agus nàdar.

## TELEVISION PROGRAMMES

In a year of transition it was imperative to maintain stability and regularity of programming consistent with available resources and slots. While funding and slots continued to be unavailable for important programmes such as news, drama series and content for younger audiences, it was nevertheless possible to fund a variety of material. Finance was provided for a total of 139 hours of programming across eight genres: children and youth; arts and entertainment; drama; factual; education; current affairs; religion; and animation.

A strong emphasis on programmes for children and youth pertained, with continued support for the long-standing magazine series **Dè a-nis?**, produced and broadcast by BBC Scotland and **Splaoid** and **Splaoid Spòrs**, produced by SMG TV Productions and broadcast by SMG. The Gaelic Media Service entered into co-funding arrangements for the first back-to-back drama shot in both Gaelic and English. The whimsical comedy **Reòiteag air Rothan/The Ice Cream Machine** was filmed on location in the Isle of Lewis by SMG TV Productions. The Gaelic version was shown on STV and Grampian Television and the English version was broadcast nationally on Five. An additional 18 hours of children's programming was contracted at low cost for use on the TeleG digital service available on Freeview Channel 8.

CCG/GMS continued to support education programmes produced and co-funded by BBC Scotland. **Snas** was an innovative series dealing with the subject of personal and functional writing for upper stages of primary pupils. Based on the trials and tribulations of a fledgling rock band, the programmes and the complementary web-site **Snasail**, the first games-based educational web-site in Gaelic, were an outstanding success with the target audience. The project was enhanced by a radio series, **Snas Earranta**, based on a young enterprise initiative. Because the combined project had proved so popular with pupils and teachers alike it was agreed to fund a second series and extension to the web-site. Another educational programme – an acquisition series called **Ciamar a tha e a' dol?** – will provide material to support the science and technology component of the upper primary curriculum.

High quality factual programmes, both one-off and series, continued to attract a substantial number of viewers as well as high appreciation indices. The category accounted for 37 hours of programming and covered a wide spectrum of sub-genres including historical documentary, sport and leisure, lifestyle, contemporary personalities, traditions, environment, and our natural landscape.

## PRÒGRAMAN TELEBHISEIN

Ghabh prògraman craolta ann an 2003/04 san roinn aithris a-staigh na leanas:

- **AN TARSAINN** – prògram aithris a’ cuimhneachadh air na “Selkirk Settlers” a dh’fhàg an t-Eilean Sgitheanach o chionn 200 bliadhna airson a dhol a thàmh ann an Eilean a’ Phrionnsa an Canada.
- **DEALBH A’ GHÀIDHEIL** – film a’ rannsachadh ùidh luchd-togail-dhealbh ann an Gàidheil agus a’ Ghàidhealtachd bho 1843 air adhart.
- **FIRINN IS DRAOIDHEACHD** – film a’ rannsachadh sgeulachdan nan sìthichean an Alba agus an leabhar a sgrìobh am ministear san 17mh linn, Robert Kirk, aig an robh cas ann an saoghal a’ Chrìosdaidh agus a’ phàganaich.
- **FERGIE** – beatha Fergie Dòmhnallach, aon den luchd-ciùil as measgaichte agus as maireannaiche ann an Alba.
- **EACHANN MÒR NAN CATH** – prògram aithris mu Fighting Mac, Prìomh Mhàidsear An Ridire Eachann Dòmhnallach, agus a’ cheist mun fhèin-mhurt aige am Paris ann an 1903.
- **MAIGHSTIR AILEAN** – dràma aithriseach mun Athair Ailean Dòmhnallach, sagairt, bàrd agus eachdraiche.
- **AN LATHA A BHA SIUD** – sreath mu chlachan-mìle agus làithean sònraichte ann am beatha dhaoine inntinneach.
- **OBAIR LATHA 2** – dàrna sreath mu bheatha làitheil agus iarrtasan dhaoine.
- **IOMRAITEACH** – sreath sia-phàirt mu bheatha Albannaich ainmeil.
- **BINNEIN NAM BEANN** – rannsachadh cuid de na beanntan as ainmeile an Alba.
- **GEAMANNAN GÀIDHEALACH** – sreath trì-phàirt a’ lorg tùs agus eachdraidh nan Geamannan Gàidhealach agus am fàs agus meas an Alba agus thall thairis.
- **BEARTAS NAN DAOINE** – sreath mu luchd-tionail sgeulachdan, òrain agus beul-aithris Gàidhlig.
- **AN CUILTHEANN** – prògram aithris a’ clàradh dùbhlain agus tarraing a’ Chuilthinn, “Alps an Eilein”.

## TELEVISION PROGRAMMES

Programmes in the factual category broadcast in 2003/04 included the following:

- **AN TARSAINN** – a documentary commemorating the “Selkirk Settlers” who emigrated from Skye 200 years ago to settle in Prince Edward Island in Canada.
- **DEALBH A’ GHÀIDHEIL** – a film exploring the fascination of photographers with Gaels and Gaeldom from 1843 onwards.
- **FIRINN IS DRAOIDHEACHD** – a film exploring Scotland’s fairy lore and the book by 17th century minister Robert Kirk who lived in two worlds, Christian and pagan.
- **FERGIE** – a profile of Fergie MacDonald, one of Scotland’s most enigmatic and enduring musicians.
- **EACHANN MÒR NAN CATH** – a documentary on Fighting Mac, Major General Sir Hector MacDonald, and the mystery surrounding his suicide in Paris in 1903.
- **MAIGHSTIR AILEAN** – a dramatised documentary about Fr. Allan MacDonald, priest, poet and folklorist.
- **AN LATHA A BHA SIUD** – a series depicting landmark days and memorable events in the lives of interesting individuals.
- **OBAIR LATHA 2** – a second series about people’s daily lives and aspirations.
- **IOMRAITEACH** – a six-part series about the lives of celebrated Scots.
- **BINNEIN NAM BEANN** – an exploration of some of Scotland’s most famous mountains.
- **GEAMANNAN GÀIDHEALACH** – a three-part series tracing the roots and history of Highland Games and their growth and popularity in Scotland and abroad.
- **BEARTAS NAN DAOINE** – a series about collectors of Gaelic folklore, song and oral tradition.
- **AN CUILTHEANN** – a documentary charting the challenges and inspiration of the Cuillins, the “Alps of Skye”.

## PRÒGRAMAN TELEBHISEIN

Bha cùmhnantan airson prògraman aithris eile rin craoladh ann an 2004 a' gabhail a-staigh:

- **COGADH IS CEÒL** – eachdraidh nan Gàidheal ann an cogadh.
- **SÀL NA MARA** – daoine a dh'fheumas am muir nam beatha gu ìre bheag no mhòr.
- **THALL 'S A BHOS** – dà Ghàidhealtachd tro shùilean ban-Leòdhasach a tha a' fuireach ann an Conamara.
- **CÀIRDEAN** – treas shreath mu theaghlaichean air an dealachadh tro eilthreachd.

Chaidh am prògram ionmholt a mu chùisean làithreach **Eòrpa** a-steach don 11mh sreath agus bha e fhathast a' tàladh luchd-amhairc dìleas agus measail. Thòisich an t-sreath chùisean làithreach nas ùire, **Ceann-Là**, a' dol a-mach anmoch ach gheàrr cuingean eagrachaidh sìos e gu 18 seachdainean an coimeas ri 32 an-uiridh. A dh'aindeoin sin bha mòran chuspairean inntinneach air an gabhail a-staigh ann agus lèirmheas air na naidheachdan a rinn suas gu ìre airson cion seirbheis naidheachd chunbhalach sa Ghàidhlig.

Chuir prògraman Ealain agus Cur-seachad còig uairean a thìde ris an raon phrògraman iomlan. Lean **Ealtainn**, riochdaichte le Mactv agus craolta air BBC 2, a' tàladh mòran luchd-amhairc le a thaghadh de chuspairean co-cheangailte ri na h-ealain. Gus àrd-ùrlar a thoirt do aonadan riochdachaidh beaga a' dèiligeadh ri aon chuspair chaidh aon phrògram eile co-riochdaichte eadar Mactv agus Frato/Mor Media a chur ris an t-sreath. Thug na cuspairean sònraichte seo taobh a-staigh dual stèidhichte iomadachd a-steach don t-sreath agus cothrom do chompanaidhean ùra air sgilean agus cothroman a leasachadh le bhith a' co-obrachadh le sgioban nas motha.

Bha ceòl aig cridhe an dàrna sreath ann am **Bàird nan Oran**, riochdaichte le Mactv, agus sreath ùr **Beòlach**, riochdaichte le MnE. Bha **Beòlach** a' sealltainn oileanaich a' cluich ceòl traidiseanta bho Fèisean nan Gàidheal, Sgoil Chiùil a' Phluic, agus Acadamaidh Rìoghail na h-Alba airson Ceòl agus Dràma. A thuilleadh air na prògraman telebhisein chaidh a' chuir-m-chiùil dheireannach a chraoladh air rèidio le taic Radio nan Gàidheal. Bha **Eadar Seo agus Ceann Bliadhna**, cuideachd riochdaichte le MnE, a' cleachdadh ceòl, òrain agus bàrdachd gus ceithir ràithean na bliadhna a chomharachadh.

Chaidh cùmhnant a dhèanamh ri Tern TV airson nam prògraman creideimh **Eadar Sinn Fhein** agus **Ar n-Aran Làitheil** a chumail a' dol.

## TELEVISION PROGRAMMES

Other factual programmes contracted for transmission in 2004 included:

- **COGADH IS CEÒL** – a history of the Gaels in war.
- **SÀL NA MARA** – the lives of people dependent on or greatly influenced by the sea.
- **THALL 'S A BHOS** – two Gaeldoms as experienced by a Lewis woman living in Connemara.
- **CÀIRDEAN** – a third series featuring families separated by emigration.

The acclaimed current affairs programme **Eòrpa** went into its 11th series and continued to attract a committed and appreciative audience. The more recently established current affairs series, **Ceann-Là**, returned in its late-night slot but due to scheduling constraints ran for only 18 weeks compared with 32 last year. Despite a shorter run it covered a wide range of interesting topics and provided a news review element that compensated in some measure for the lack of a regular Gaelic news service.

Arts and Entertainment programmes contributed five hours to the overall programme portfolio. **Ealtainn**, produced by Mactv and broadcast on BBC 2, continued to attract a sizeable audience with its eclectic range of art-related themes. In order to provide a platform for smaller production units offering single topics the series was extended to include an additional episode co-produced between Mactv and Frato/Mor Media. This inclusion of one-off ideas within an established strand added diversity to the series and afforded an opportunity for new companies to enhance their skills and opportunities by working in partnership with larger teams.

Music was at the heart of a second series of **Bàird nan Oran**, produced by Mactv, and a new series **Beòlach**, produced by MnE. **Beòlach** featured performances by students of traditional music from Fèisean nan Gàidheal, the Centre of Excellence for Traditional Music in Plockton, and the Royal Scottish Academy of Music and Drama. A radio programme of the final concert was produced in addition to the television programmes and supported by Radio nan Gàidheal. **Eadar Seo agus Ceann Bliadhna**, also produced by MnE, used music, song and poetry to celebrate the four seasons of the year.

A new contract was signed with Tern TV for the continued provision of the religious programmes **Eadar Sinn Fhein** and **Ar n-Aran Làitheil**.

## PRÒGRAMAN TELEBHISEIN

Chaidh am beagan ionmhais a bha ann airson dràma a chur gu dà phròiseact, Na **Balaich ann a Rònaidh** agus **Foighidinn**, air am filmeadh an Leòdhas agus an Eilean Sgitheanach fa leth.

Rè na bliadhna lean CCG/SnamMG a' sireadh luach a bharrachd tro bhith a' toirt taic do ghrunn phròiseactan co-mhaoinichte agus co-riochdaichte. Bha na pròiseactan agus an co-mhaoineachadh mar a leanas:

- **SNAS** agus **CIAMAR A THA E A' DOL?** – BBC Alba
- **FIRINN IS DRAOIDHEACHD** – Scottish Screen
- **THALL 'S A BHOS** – TG4
- **AN DÀ SHEALLADH** – Iomairt an Eilean Sgitheanaich agus Loch Aillse agus Second Sight Pictures, Canada
- **REÒITEAG AIR ROTHAN** – Sianal a Còig
- **SEANCHASAN NAN TREUBHAN** – Scottish Screen
- **BEÒLACH** – Leader Plus an Eilean Sgitheanaich agus Loch Aillse, Fèisean nan Gaidheal agus am BBC
- **FOIGHIDINN** – Scottish Screen agus Youngfilms

A thuilleadh air a bhith a' maoineachadh prògraman ùra airson nan sianalan analog gnàthach, chaidh mu chòig uairean a thìde gach seachdain de phrògraman ath-chraolta a thoirt don t-seirbheis dhigiteach thalmhaidh TeleG. Bha raon TeleG air a leudachadh am-bliadhna nuair a cho-dhùin am BBC **Eòrpa** agus **Dè a-nis?** ath-chraoladh.

Bha ceithir prògraman làn-mhaoinichte agus aon phrògram co-mhaoinichte air liosta thaghte na Fèis Film agus Telebhisein Ceilteach a bha ann an Dùn Deagh sa Ghiblean 2004:

- **DEALBH A' GHÀIDHEIL**, le Caledonia, Sterne & Wylde (Aithris Ealain)
- **SNAS**, le BBC Alba (Foghlam)
- **MISE 2003**, le MnE (Òigridh)
- **EAGLAIS MHAIGHSTIR AILEIN** (BBC Radio nan Gàidheal)

Rè na bliadhna chaidh 106 uairean de phrògraman maoinichte a chur ri Tasglann Scottish Screen, a' toirt a' chruinneachaidh iomlan de stuth craolta Gàidhlig gu 1394 uairean.

## TELEVISION PROGRAMMES

The limited funding available for drama was allocated to two projects, Na **Balaich ann a Rònaidh** and **Foighidinn**, filmed in Lewis and Skye respectively.

During the year, CCG/GMS continued to pursue added value by supporting several projects that were jointly financed and co-produced. The projects and co-funders were:

- **SNAS** and **CIAMAR A THA E A' DOL?** – BBC Scotland
- **FIRINN IS DRAOIDHEACHD** – Scottish Screen
- **THALL 'S A BHOS** – TG4
- **AN DÀ SHEALLADH** – Skye and Lochalsh Enterprise and Second Sight Pictures, Canada
- **REÒITEAG AIR ROTHAN** – Five
- **SEANCHASAN NAN TREUBHAN** – Scottish Screen
- **BEÒLACH** – Skye and Lochalsh Leader Plus, Fèisean nan Gaidheal and BBC
- **FOIGHIDINN** – Scottish Screen and Youngfilms

In addition to funding new programmes for the conventional analogue channels, approximately five hours per week of repeat programmes were provided to the digital terrestrial service TeleG. TeleG's scope was enhanced this year by the BBC's decision to supply **Eòrpa** and **Dè a-nis?** for re-broadcast.

Four fully-funded and one co-funded programme were short-listed for the Celtic Film and Television Festival held in Dundee in April 2004:

- **DEALBH A' GHÀIDHEIL**, by Caledonia, Sterne & Wylde (Arts Documentary)
- **SNAS**, by BBC Scotland (Education)
- **MISE 2003**, by MnE (Youth)
- **EAGLAIS MHAIGHSTIR AILEIN** (BBC Radio nan Gàidheal)

During the year 106 hours of funded programmes were added to the Scottish Screen Archive, bringing the total collection of Gaelic broadcast material to 1394 hours.



## PRÒGRAMAN TELEBHISEIN

## TELEVISION PROGRAMMES



AN CUILTHEANN



EACHANN NAN CATH



PÌOBAIREAN BHÒRNAIS



REÒITEAG AIR ROTHAN

## PRÒGRAMAN TELEBHISEIN

## TELEVISION PROGRAMMES



AN TARSAINN



AR N-ARAN LÀITHEIL



CO-SHEIRM



GEAMANNAN GÀIDHEALACH

## PRÒGRAMAN RÈIDIO

Rè na bliadhna gheall sinn maoinachadh airson 29 uairean de iomadh seòrsa prògram rèidio a bhios craolta air BBC Radio nan Gàidheal:

- **LITIR DO LUCHD-IONNSACHADH** – sreath eile den litir-naidheachd do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a dh'fhaodar a leughadh agus a chluinntinn cuideachd air an eadar-lìon.
